



SCOTTISH LAND COMMISSION
COIMISEAN FEARAINN NA H-ALBA


A' toirt làn- bhuannachd à Fearann na h-Alba

Am Plana Ro-innleachdail againn airson 2018 gu 2021



Amas Riaghaltas na h-Alba:

Toirt air seirbheisean poblach is an riaghaltais fòcas a chur air dùthaich nas soirbheachaile a chruthachadh, le cothroman airson Alba air fad fhàs làidir, tro fhàs eaconomach seasmhach a chur ann am meud



Clàr-innse

Ro-ràdh	03
Bun-fhiosrachadh air Coimisean Fearainn na h-Alba	04
An Co-theacsa Ro-innleachdail	07
Ar Lèirsinn	08
Builean	09
Amasan	10
Prìomhachasan	12
Libhrigeadh	14
A' togail ar Buidhne	15

Cuir fios

@ info@landcommission.gov.scot

0300 244 4452

www.landcommission.gov.scot

Lorg sinn air:



“’S e ar rùn gun cuir Coimisean Fearainn na h-Alba fianais còmhla ri dùbhlàn is nuadhas ann a bhith ag adhbharachadh atharrachaidhean ge brith càit a bheil feum orra gus làn-bhuannachd a thoirt à fearann na h-Alba airson muinntir na h-Alba.”



Ro-ràdh

Tha tìr na h-Alba an dà chuid iongantach agus de chaochladh sheòrsa cruth. Chaidh a cumadh le gnìomhan iomadh ginealach, agus cuideachd tha i air buaidh a thoirt air cò a th’ annainne mar dhaoine. Ach tha mòran Albannach a’ creidsinn gum b’ urrainn dhuinn barrachd buannachd a thoirt às ar tìr. An dà chuid sna co-theacsaichean bailteil is dùthchail, thathar a’ toirt far comhair gu bheil àiteachan trèigte, gainnead de làraichean taigheadais, cuingealachdan air leasachadh coimhearsnachd, cleachdaidhean fearainn de tharbhachd ìosal, agus còmhstri eadar diofar chom-pàirtean ann. Thathar ag aithneachadh gu bheil mòran ann aig a bheil fearann, no a tha an lùib rianachd fearainn, a tha a’ dol ris gu math, ach a dh’aindeoin sin tha ceist ann a bheil am frèam againn airson sealbh agus cleachdadh fearainn freagarrach gus ar mòr-mhiannan san latha an-diugh a choileanadh.

Ann an 2014 dh’òrdaich Riaghaltas na h-Alba dà sgrùdadh chudromach air reachdas agus poileasaidh a thaobh fearainn – Sgrùdadh air Ath-leasachadh Fearainn agus Sgrùdadh air Reachdas nan Gabhantas Àiteachais. Bha na molaidhean aca air an toirt a-steach gu Achd Ùghdarachadh Coimhearsnachd (Alba) 2015 agus Achd Ath-leasachadh Fearainn (Alba) 2016. ’S dòcha gum b’ e an rud a bu chudromaiche ach a’ cho-aontachd a bha a’ tighinn am bàrr gun robh Alba feumach air buidheann reachdail shònraichte air choreigin airson am miann agus am fòcas riatanach a sholarachadh gus làn-bhuannachd a thoirt às an fhearann.

Chaidh Coimisean Fearainn na h-Alba a chur air bhonn mar bhuidheann phoblach reachdail air an 1mh den Ghiblean 2017. ’S ann bho Mhinistearan na h-Alba a fhuair e a’ chiad raon-ùghdarrais, a tha an dà chuid adhartach agus farsaing. A-nis tha dòigh aig muinntir na h-Alba ath-leasachadh fearainn adhartachadh ann an dòigh nach gabhadh creidsinn leis na ginealaichean a dh’fhalbh.



’S e rud leantainneach a th’ ann an ath-leasachadh fearainn, chan e rud a thachras aon turas. ’S ann troimhe a bhios am frèam reachdail, poileasaidh is cultarach airson fearann a shealbhadh, a stiùireadh ’s a chleachdadh a’ sìor atharrachadh gus an cùm e air a bhith buntainneach ann an co-theacsa eaconamach, sòisealta is cultarach. ’S e dleastanas Choimisean Fearainn na h-Alba a bhith a’ dèanamh cinnteach gum bi am frèam seo a’ leasachadh luath gu leòr airson cumail suas ri atharrachadh sam bith, agus gum bi e a’ leasachadh ann an dòigh a bhios stèidhte air a’ cho-theacsa chaochlaideach sin. Ann am beagan fhaclan, ’s e obair an dà chuid gearr-ùineach agus làn-ùineach a th’ ann.

Tha am Plana Ro-innleachdail seo a’ toirt cunntas air ar prìomhachasan airson nan trì bliadhna rin tighinn. Chan eil sinn air chomas aghaidh a chur air gach cuspair a tha gun rèiteachadh anns a’ bhad, ach ’s urrainn dhuinn na cothroman as cudromaiche a mhìneachadh agus cùrsa an ath-leasachaidh a luathachadh. ’S e ar rùn gun cuir Coimisean Fearainn na h-Alba fianais còmhla ri dùbhlàn is nuadhas ann a bhith ag adhbharachadh atharrachaidhean ge brith càit a bheil feum orra gus làn-bhuannachd a thoirt à fearann na h-Alba airson muinntir na h-Alba.



Andrew Thin

Andrew Thin
Cathraiche



Hamish Trench

Hamish Trench
Àrd-oifigear

Bun-fhiosrachadh air Coimisean Fearainn na h-Alba

Stèidhich Achd Ath-leasachadh Fearainn (Alba) 2016 (An t-Achd) Coimisean Fearainn na h-Alba (an Coimisean) mar bhuidheann phoblach neo-roinneil ghnìomhach, agus chaidh a cur an gnìomh air 1mh an Giblean 2017. Tha còignear Choimiseanairean Fearainn agus aon Choimiseanair Tuathanachas Màil, is chaidh iad uile a chur an dreuchd le Ministearan na h-Alba. Tha a' bhuidheann stèidhichte ann an Inbhir Nis agus tha àireamh bheag de bhun-luchd-obrach ag obair ann.

Tha cunntas air dleastanasan a' Choimisein ann an earrann 6 den Achd –

- togalach, luchd-obrach agus seirbheisean a sholarachadh dha na Coimiseanairean Fearainn agus dhan Choimiseanair Tuathanachas Màil mar a dh'fheumas iad gus an cuid dleastanasan a choileanadh
- rudan a chur air dòigh mar as iomchaidh airson na dleastanasan sin a cho-òrdachadh.

Tha cunntas air dleastanasan nan Coimiseanairean Fearainn ann an earrann 22 den Achd –

- breithneachadh a dhèanamh air buaidh agus èifeachdas lagha no poileasaidh sam bith
- atharrachaidhean air lagh no poileasaidh sam bith a mholadh
- fianais a thrusadh
- rannsachadh a dhèanamh
- aithisgean ullachadh
- fiosrachadh agus stiùireadh a thoirt seachad.

Feumaidh na Coimiseanairean Fearainn beachdachadh a dhèanamh agus moladh a thoirt seachad air cuspair sam bith a thèid a chur thuca le Ministearan na h-Alba, agus ann a bhith a' coileanadh an dleastanasan feumaidh iad aire a thoirt do dh'Aithris Còraichean is Uallaichean Fearainn a chaidh fhoillseachadh le Ministearan na h-Alba agus a thèid ùrachadh bho àm gu àm.

Tha cunntas air dleastanasan a' Choimiseanair Tuathanachas Màil ann an earrann 24 den Achd –

- còdan obrachaidh air gabhaltais tuathanachais ullachadh
- na còdan obrachaidh a bhrosnachadh
- rannsachadh a dhèanamh air casaidean mu bhristeadh air na còdan obrachaidh
- aithisg ullachadh air modh-obrachaidh luchd-ionaid uachdaran is theanantan
- molaidhean a chur ri chèile airson liosta ùr de leasachaidhean air gabhaltasan tuathanachais
- co-obrachadh leis na Coimiseanairean Fearainn fhad 's a choileanas iad an dleastanasan chun na h-ìre 's gu bheil na dleastanasan sin a' buntainn ri àiteachas agus gabhaltasan àiteachais
- dleastanas sam bith eile a choileanadh a chaidh a bhuileachadh air a' Choimiseanair le achdachadh sam bith.

Feumaidh an Coimiseanair Tuathanachas Màil na dleastanasan seo a choileanadh agus e fa-near dha a bhith a' brosnachadh deagh dhàimh eadar uachdarain agus teanantan gabhaltasan àiteachais.

Feumaidh Ministearan na h-Alba breithneachadh a dhèanamh air dleastanasan a' Choimiseanair Tuathanachas Màil co-dhiù ro 31mh am Màrt 2020, agus faodaidh iad an uair sin leasachadh a dhèanamh air na dleastanasan seo, an toirt air falbh, no cur riutha, mar as iomchaidh nam beachd fhèin.

Fhuair ciad Sgrìobhainn Freama a' Choimisein aonta bho Mhinistearan na h-Alba, agus tha i a' toirt dhuinn mar phrìomh amas thar-ruigheach "a bhith a' tagairt airson siostam ùr de shealbh, rianachd agus cleachdadh fearainn eadar-mheasgte a ghabhas tuigsinn gu soilleir, agus a leigeas le coimhearsnachdan air feadh na h-Alba fàs làidir, leasachadh a bhith seasmhach agus gun mhòran chonnsaidean a bhith ann".

Tha an Sgrìobhainn Freama gu sònraichte a' cur roimhe amasan ro-innleachdail a dh'iarrair oirnn –

- dàimh nas làidire eadar an tìr agus na daoine a bhrosnachadh
- dèanamh cinnteach gu bheil sealbh agus cleachdadh fearainn a' toirt buannachd nas fheàrr dhan phoball
- an comas airson am fearann, an dà chuid bailteil is dùthchail, a bhith a' cur ri soirbheachadh agus leasachadh coimhearsnachdan is muinntir na h-Alba.

Air 1mh an Giblean 2017, dh'fhoillsich an Coimisean Plana Corporra Eadar-amail. Tha am Plana Ro-innleachdail seo a' cur roimhe cùrsa obair a' Choimisein bhon Fhaoilleach 2018 gu 2021.

“...amas thar-ruigheach
“a bhith a' tagairt airson
siostam ùr de shealbh, rianachd
agus cleachdadh fearainn eadar-
mheasgte a ghabhas tuigsinn
gu soilleir, agus a leigeas le
coimhearsnachdan air feadh na
h-Alba fàs làidir, leasachadh
a bhith seasmhach agus gun
mhòran chonnsaidean
a bhith ann.” ”



Na Coimiseanairean Fearainn: (clì gu deas) Megan MacInnes, an t-Oll. David Adams, Andrew Thin (Cathraiche), an Dr Bob McIntosh (Coimiseanair Tuathanachas Màil), an Dr Sally Reynolds agus Lorne MacLeod



“...’a bhith a’
toirt air seirbheisean
poblach is an riaghaltais
fòcas a chur air dùthaich
nas soirbheachaile a
chruthachadh, le cothroman
airson Alba air fad fhàs
làidir, tro fhàs eaconamach
seasmhach a chur ann
am meud’.”

An Co-theacsa Ro-innleachdail

Tha am Plana Ro-innleachdail seo ag innse mar a chuireas sinn ris an amas aig cridhe Riaghaltas na h-Alba ‘a bhith a’ toirt air seirbheisean poblach is an riaghaltais fòcas a chur air dùthaich nas soirbheachaile a chruthachadh, le cothroman airson Alba air fad fhàs làidir, tro fhàs eaconamach seasmhach a chur ann am meud’.

Bidh an obair againn a’ togail air an t-slighe poileasaidh a chaidh a stèidheachadh le Achdan Ath-leasachadh Fearainn (Alba) 2003 agus 2016, Achd Ùghdarachadh Coimhearsnachd (Alba) 2015, Aithris Còraichean is Uallaichean Fearainn agus na sgrùdaidhean ro-ràite air Ath-leasachadh Fearainn agus Gabhaltasan Àiteachais.

Nas fharsainghe, nì sinn cinnteach gu bheil obair Choimisean Fearainn na h-Alba a’ cur ri libhrigeadh soirbheachail ro-innleachdan an Riaghaltais, a’ gabhail a-steach an Ro-innleachd Eaconamach, an Ro-innleachd Cleachdadh Fearainn, am Frèam Planaidh Nàiseanta, ath-leasachadh planaidh, agus Plana Atharrachadh na Gnàth-shìde.

Tha sinn air na leanas ainmeachadh mar fhactaran buadhach ann an dòigh-smaoineachaidh an Riaghaltais agus a chuidicheas leinn a bhith a’ cur romhainn na prìomhachasan ro-innleachdail againn:

- Mar a tha e cudromach a bhith a’ sìor thoirt fàs air eaconamaidh na h-Alba;
- Mar a tha e cudromach seo a dhèanamh ann an dòigh sheasmhach agus a tha in-ghabhalach gu sòisealta;
- An cuideam a chuirear air a bhith a’ toirt comas do choimhearsnachdan rudan a dhèanamh air an son fhèin;
- An cuideam a chuirear air a bhith a’ toirt còraichean daonna eaconamach, sòisealta agus cultarach gu buil.

Mar thoradh air cho caochlaideach is co-cheangailte ‘s a tha an co-theacsa ro-innleachdail, feumaidh sinn ìre de shùbailteachd a chumail anns a’ phlana ro-innleachdail seo gus an tèid againn dèiligeadh ri atharrachaidhean agus cùisean a thig am bàrr anns na trì bliadhna rin tighinn.

Ann a bhith a’ dèanamh breithneachadh air a’ cho-theacsa seo, tha sinn ag ainmeachadh àireamh raointean far a bheil e coltach gum feumar dèiligeadh riutha a thaobh ath-leasachadh fearainn. Bidh cuid dhiubh feumach air reachdas ùr, agus faodar dèiligeadh ri raointean eile tro atharrachaidhean air poileasaidh poblach. Fòghnaidh e do dheannan dhiubh gum bi dealas ann a bhith ag obair còmhla agus mar sin ‘s dòcha gun rachadh dèiligeadh riutha na b’ fheàrr tro stiùireadh agus còdan obrachaidh. Bidh a’ mhòr-chuid feumach air rannsachadh, mion-sgrùdadh agus rèite, mus urrainn dhuinn a bhith cinnteach dè am moladh a b’ iomchaidhe a bhiodh ann.



Ar Lèirsinn

'S e a tha nar lèirsinn ach siostam seilbh, rianachd agus cleachdadh fearainn a tha cothromach, in-ghabhalach is tarbhach, agus a bheir buannachd nas motha do mhuinntir na h-Alba air fad. Tha lèirsinn fhiùghantach againn far a bheil ath-leasachadh fearainn daonnan air ar n-aire ann an obair an riaghaltais aig gach ìre, agus far a bheil a' sìor ùrachadh chòraichean is uallaichean fearainn gus cumail suas ri suidheachaidhean a bhios ag atharrachadh.

Anns an lèirsinn seo, tha sinn a' faicinn gu bheil gluasad cultarach ann a thaobh mar a thathar a' tuigsinn sealbh fearainn, agus na còraichean is na h-uallaichean a bhuineas ris. Tha sinn a' sùileachadh gum bi cothromachadh nas fheàrr eadar com-pàirtean poblach is prìobhaideach ann agus gum bi pàtran sealbh fearainn is gabhaltais ann a bhios a' sìor fhàs eadar-mheasgte agus a fhreagras mòr-mhiannan nàiseanta is ionadail agus còraichean daonna gu ceart.

“'S e a tha nar lèirsinn ach siostam seilbh, rianachd agus cleachdadh fearainn a tha cothromach, in-ghabhalach is tarbhach, agus a bheir buannachd nas motha do mhuinntir na h-Alba air fad.”

Builean

Tha Frèam Coileanaidh Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba ag ainmeachadh nam Builean Nàiseanta àrd ìre ris a bheil an obair againn a' cur. Tha buaidh fharsaing aig ath-leasachadh fearainn air iomadh pàirt dhe ar beatha, agus tha seo a' cur fòcas air mòran dhiubh seo, ach 's e na leanas an fheadhainn as cudromaiche:

- Gum ruig sinn bàrr ar comais eaconamaich le barrachd cothroman cosnaidh is gum bi cothroman cosnaidh nas fheàrr ann dhar daoine;
- Gum bi beatha nas fhaide is nas fhallaine againn;
- Gum bi sinn air dèiligeadh ris na neo-ionannachdan cudromach ann an comann-sòisealta na h-Alba;
- Gum bi sinn a' fuireach ann an àiteachan seasmhach air an deagh dhealbhadh far am faigh sinn cothrom air na goireasan a dh'fheumas sinn;
- Gum bi coimhearsnachdan làidir, fulangach is taiceil ann far an gabh daoine uallach airson na nì iad agus mar a bheir e buaidh air càch fa-near dhaibh;
- Gum meal agus gun cuir sinn luach air ar n-àrainneachd nàdarra agus togte, agus gun dìon is leasaich sinn i airson nan ginealaichean rin tighinn.


Tha sinn air na builean fad-ùine (10 bliadhna +) a leanas ainmeachadh airson ath-leasachadh fearainn, agus cuiridh ar n-obair riutha seo agus cuiridh sinn air bhonn dàta bun-loidhne agus sgrùdadh air an son:

- Bidh nas lugha de bhacaidhean fearainn air àite-chruthachadh agus air leasachadh èifeachdach a tha stiùirichte le ùidh a' phobail;
- Cha bhi solar fearainn airson taigheadas air a chuingealachadh cho mòr le gabhaltas fearainn agus luach an fhearainn;
- Bidh an fharsaingeachd ghlan de fhearann bàn agus fàs a' tuiteam;
- Bidh an ìre de dhùmhachd a thaobh pàtran sealbh fearainn a' tuiteam;
- Bidh an ìre aig am bi a' choimhearsnachd a' gabhail pàirt ann an co-dhùnaidhean mu dheidhinn rianachd fearainn a' dol an-àird;
- Bidh an àireamh de choimhearsnachdan aig a bheil sealbh no ùghdarras thar an fhearainn a' dol an-àird;
- Bidh an àireamh de dh'aoonadan àiteachais a tha gan stiùireadh tro lìos no co-iomairt a' dol an-àird;
- Bidh an dàimh eadar uachdarain àiteachais agus teanantan a' fàs nas fheàrr.



Amasan

Bidh ar n-obair thairis air na trì bliadhna seo ga stiùireadh le trì amasan ro-innleachdail:



TARBHACHD –

Gus barrachd luaidh eaconamaich, shòisealta is chultaraich a thoirt às ar fearann



IOMADACHD –

Gus pàtran nas eadar-mheasgte de shealbh fearainn a bhrosnachadh agus tairbhe an fhearainn a riarachadh ann an dòigh nas in-ghabhalaic



CUNNTACHALACHD –

Gus dèanamh cinnteach gun dèanar co-dhùnaidhean le aire air an fheadhainn air an toir iad buaidh, agus gum bi dleastanasan air an coileanadh

TARBHACHD

Tha tarbhachd aig cridhe ar lèirsinn airson ath-leasachadh fearainn. Feumaidh sinn dèanamh cinnteach gun cuir sinn fearann na h-Alba gu feum ann an dòigh èifeachdach. Nar n-obair tha sinn ag iarraidh cuideam a chur air a bhith ag ainmeachadh bhacaidhean air cleachdadh tarbhach an fhearainn, agus a bhith a’ dealbhadh dòighean gus faighinn thairis orra agus spionnadh is cruthachalachd a bhrosnachadh. Tha sinn a’ mìneachadh tarbhachd ann an dòigh thrì-sheallach, mar thoradh air na mòr-mhiannan eaconamach, sòisealta agus cultarach a tha aig cridhe a’ Chùmhnaint Eadar-nàiseanta air Còraichean Eaconamach, Sòisealta is Cultarach. Tha sinn a’ tuigsinn gur e leas muintir na h-Alba air fad an t-adhbhar air chùl a bhith a’ cur tarbhachd ann an meud, gun aon chom-pàirt a’ gabhail buaidh ann an dòigh mhì-chothromach air chosg com-pàirt eile

IOMADACHD

Tha iomadachd ann am pàtran sealbh fearainn riatanach gus comann-sòisealta soirbheachail a bhrosnachadh far nach eil aon seòrsa de shealbh fearainn a’ faighinn làmh-an-uachdair air an tìr. Feumaidh sinn pàtran nas eadar-mheasgte de shealbh fearainn a bhrosnachadh gus dèanamh cinnteach gum bi buannachdan an fhearainn air am pàrteachadh ann an dòigh nas in-ghabhalaiche, a’ togail air a’ bheachd-smaoin gur ann airson a’ mhòrain ‘s chan ann a-mhàin airson a’ bheagain a tha an tìr. An-dràsta tha mòran den bheachd gu bheil am pàtran sealbh fearainn ann an Alba cumhang, is gu bheil seo a’ cur bacadh air tarbhachd agus cothromas. Feumaidh sinn tuigse cheart fhaighinn air seo agus nam biodh pàtran sealbh fearainn de chaochladh sheòrsa ann, feumaidh sinn tuigsinn mar a dh’fhaodadh sin an dà chuid rianachd agus cleachdadh fearainn a thoirt gu bàrr agus na buannachdan a sgaioleadh nas fharsainghe.

CUNNTACHALACHD

Tha cunntachalachd na pàirt riatanach de shiostam sam bith far am faodadh co-dhùnaidhean a’ bheagain buaidh a thoirt air com-pàrtean a’ mhòrain. Feumaidh sinn leasachadh mar a bhios uachdarain agus an fheadhainn a nì co-dhùnaidhean cunntachail do mhuintir na h-Alba agus dèanamh cinnteach gu bheil cumhachd aig coimhearsnachdan airson buaidh a thoirt air rianachd agus cleachdadh fearainn. Tha e air leth cudromach ann an deamocrasaidh le sealbh fearainn far a bheil còraichean aig àireamh gu math beag de dhaoine air a’ chuid as motha den fhearann, agus far a bheil uallaichean cudromach ann a tha co-cheangailte ri còraichean fearainn. Tha sinn a’ tuigsinn gu bheil uachdarain fearainn cunntachail do mhuintir na h-Alba aig a’ cheann thall airson na nì iad, agus saoilidh sinn gu bheil e riatanach gum bi siostaman cunntachalachd làidir ann gus dèanamh cinnteach gu bheil seo ag obair mar as còir. Airson cunntachalachd làidir feumar dèanamh cinnteach gu bheil cumhachd aig coimhearsnachdan airson buaidh a thoirt air mar a nithear co-dhùnaidhean.



Prìomhachasan

Tha na prìomhachasan ro-innleachdail againn airson 2018–21 a’ sealltainn an dà chuid cho iomadh-fhillte ‘s a tha an co-theacsa ro-innleachdail agus cuideachd cho farsaing is adhartach ‘s a tha na mòr-mhiannan aig Riaghaltas na h-Alba agus aig a’ chomann-sòisealta. Tha iad a’ togail air Achd Ath-leasachadh Fearainn (Alba) 2016, Achd Ùghdarachadh Coimhearsnachd (Alba) 2015, Aithisg Sgrùdadh Ath-leasachadh Fearainn 2014 agus Aithris Còraichean is Uallaichean Fearainn. Tha iad a’ mìneachadh nan raointean anns a bheil dùil againn obrachadh gus fìor-adhartas a libhrigeadh rè ùine a’ phlana seo cho math ris na bunaitean airson ath-leasachadh a stèidheachadh anns an ùine fhada.

Tha na prìomhachasan ro-innleachdail againn airson 2018–21 a’ cur cuideam air ceithir prìomh raointean obrach:

FEARANN AIRSON TAIGHEADAS AGUS LEASACHADH

Tro ath-leasachadh air an dòigh a mheasas margaidhean fearainn pàtran agus càileachd leasachaidh, gu h-àraidh solarachadh taigheadais de dheagh chàileachd air prìs reusanta, tha comas ann a bhith a’ cur aghaidh air feumalachdan sòisealta is eaconamach cudromach. Tha sinn a’ cur romhainn ath-leasachadh a bhrosnachadh an dà chuid anns na co-theacsaichean bailteil is dùthchail tro bhith:

- A’ mìneachadh cheumnan airson talamh bàn is fàs a chur gu feum a-rithist airson taigheadas no leasachadh tarbhach eile;
- A’ dèanamh breithneachadh air bacaidhean seilbh air cruinneachadh fearainn airson leasachadh;
- A’ dèanamh breithneachadh air bacaidhean seilbh air libhrigeadh taigheadais, a’ gabhail a-steach bancaireachd fearainn;
- A’ rannsachadh mar a dh’fhaodadh cleachdadh fearann leasachaidh a bhith nas tarbhaiche mar thoradh air dòigh-obrach nas ro-innleachdaile airson leasachadh agus solarachadh fearainn a chum leas a’ phobail.

SEALBH FEARAINN

Tha ceistean bunaiteach ann mu dheidhinn iomadachd agus cothromas sealbh fearainn ris am feum sinn dèiligeadh. Tha sinn a’ cur romhainn na builean a thuigsinn agus cothroman airson atharrachadh a mhìneachadh:

- A’ dèiligeadh ris a’ bhuidh a th’ aig meudachd is dùmhachd air sealbh fearainn
- A’ dèanamh breithneachadh air a’ bhuidh a th’ aig structaran seilbh, cìsean agus rian fiosgail air leas a’ phobail;
- A’ leasachadh de cho èifeachdach ‘s a tha na modhan-obrachaidh airson còraichean-ceannaich coimhearsnachd;
- A’ mìneachadh cheumnan gus barrachd buannachd coimhearsnachd, cleachdadh agus sealbh fhaighinn bho Fhearann Leas a’ Phobail.

“Tha sinn ag aithneachadh gu bheil mòran cheanglaichean eadar na ceithir prògraman obrach seo, agus bidh dòigh aonaichte againn airson an libhrigeadh.”

Tha sinn ag aithneachadh gu bheil mòran cheanglaichean eadar na ceithir prògraman obrach seo, agus bidh dòigh aonaichte againn airson an libhrigeadh. Tha sinn gu h-àraidh ag aithneachadh gu bheil barrachd tuigse agus leasachaidh a dhith airson na còraichean daonna a tha fuaighte ann am frèam ath-leasachadh fearainn na h-Alba a thoirt gu buil. Chaidh na còraichean seo a mhìneachadh ann an Achd Ath-leasachaidh Fearainn agus Aithris Còraichean is Uallaichean Fearainn. ‘S e cuspair cumanta a bhios ann an seo a bhios a’ ruith tro na prògraman againn rè nan trì bliadhna rin fighinn.

CO-DHÙNAIDHEAN AIR CLEACHDADH FEARAINN

Dh’fhaodadh co-dhùnaidhean air cleachdadh is rianachd fearainn buaidh a thoirt air mòran dhaoine. Tha sinn a’ cur romhainn a’ chàileachd agus a’ chunntalachd mu mar a nithear co-dhùnaidhean a leasachadh tro bhith:

- A’ brosnachadh in-ghabhaltachd ann a bhith a’ dèanamh cho-dhùnaidhean, co-obrachadh agus cultar cunntalachd;
- A’ cur aghaidh air co-leanaltachd agus co-thaobhadh poileasaidh tro ìrean ionadail, Albannach agus RA, gus co-dhùnaidhean nas fhiosraiche a dhèanamh.

GABHALTASAN ÀITEACHAIS

Tha feum èiginneach ann aghaidh a chur air bacaidhean gabhaltais air seilbheachd agus tarbhachd tuathanais, faotainneachd fearann àiteachais a mheudachadh, agus siostam fearann gabhaltais a dh’obraicheas nas fheàrr a dhealbhadh. Ann a bhith a’ coileanadh dleasan a’ Choimiseanair Tuathanachas Màil, bidh sinn a’ cur cuideam air:

- A bhith a’ leasachadh dàimh agus èifeachdas meadhanan gabhaltas àiteachais agus co-iomairte
- A bhith a’ dèanamh breithneachadh air mar a dh’fhaodar faotainneachd fearainn a leasachadh airson na feadhach a tha ag iarraidh a bhith ri àiteachas;
- A bhith a’ cumail sùil air a’ bhuidh a bhios aig structaran sealbh fearainn, cìsean agus Brexit air gabhaltas àiteachais.



Lìbhrigeadh

Tha àite Choimisean Fearainn na h-Alba a' co-cheangal ceannardas agus atharrachadh cultair neo-riaghlaidh le dreuchdan reachdail agus breithneachadh a dhèanamh air agus comhairle a thoirt seachad mu atharrachadh reachdail is poileasaidh.

Bidh sinn a' coileanadh ar prìomhachasan tro:

Rèite agus conaltradh

a' brosnachadh mothachadh, co-obrachadh agus atharrachadh a nì diofar dha-rìribh;

Rannsachadh agus fianais

ag òrdachadh 's a' cur ri chèile an rannsachadh 's an fhianais dheatamach;


Stiùireadh agus còdan

a' leasachadh stiùireadh agus còdan obrachaidh gus deagh chleachdadh a bhrosnachadh;

A' toirt seachad molaidhean

airson atharrachadh ann an reachdas, poileasaidh agus cleachdadh.

Tha Prògram na h-Obrach na chois ag innse dè na prìomh raointean obrach a tha dùil againn a thoirt air adhart ann a bhith a' coileanadh ar prìomhachasan. Cuiridh sinn plana-obrach bliadhna ri chèile a sheallas mar a dh'èagraicheas sinn ar n-obair anns gach bliadhna ionmhasail, a' gabhail a-steach goireasan co-cheangailte agus rianachd coileanadh.



“Tha am plana seo a’ toirt còmhla an dà chuid dreuchdan nan Coimiseanairean Fearainn agus a’ Choimiseanair Tuathanachas Màil ann am frèam aonaichte.”

Airson adhartas a dhèanamh sna prìomhachasan ainmichte, feumar obrachadh gu dlùth le buidhnean is luchd-ùidhe eile ann a bhith a' dealbhadh 's a' lìbhrigeadh ar n-obrach. Tha sinn a' cur romhainn lìonraidhean eòlais, teòmachd is ionnsachaidh a chruthachadh, a bhios a' cur ri ar comas ath-leasachadh a bhreithneachadh 's a lìbhrigeadh .

Ged a tha rannsachadh aig cridhe ar n-obrach, cuirear a' cheart uiread de chuideam air a' chonaltradh 's na gnìomhan a tha deatamach airson fìor-leasachadh a thoirt gu buil. Mar eisimpleir, tha sinn an dùil leudachadh a dhèanamh air mar a chleachdar stiùiridhean agus còdan obrachaidh thar nan riatanasan sònraichte airson a' Choimiseanair Tuathanachas Màil, gus na prìomhachasan nas fharsainghe ainmichte sa phlana seo a lìbhrigeadh.

Tha am plana seo a’ toirt còmhla an dà chuid dreuchdan nan Coimiseanairean Fearainn agus a’ Choimiseanair Tuathanachas Màil ann am frèam aonaichte. 'S e seo a' bhunait a th' aig lèirsinn ar buidhne a tha stèidhte air còig prìomh phrionnsabalan airson na dòigh a dh'obraicheas sinn.

Mar a bhios sinn ag obair:

- Tha sinn ag obair do mhuintir na h-Alba air fad, agus tha com-pàirtean a h-uile duine fa-near dhuinn;
- Tha ar co-dhùnaidhean is molaidhean stèidhte gu dlùth air fianais;
- Bidh sinn a' sgrùdadh 's a' toirt dùbhlain do ro-bheachdan, agus tha sinn a' cur luach mòr air nuadhas;
- Tha sinn fosgailte nar dòighean agus 's e buidheann fhial-inntinneach a th' annainn;
- Tha sinn a' toirt ceannardas agus brosnachadh do dh'ath-leasachadh fearainn ge brith càit am bi feum air.

A' togail ar Buidhne

Anns a' chiad Phlana Ro-innleachdail seo, tha sinn ag aithneachadh mar a dh'fheumar a bhith soilleir chan ann a-mhàin mu dheidhinn ar lèirsinn fhìn airson ath-leasachadh fearainn, ach cuideachd airson na buidhne a thòisich sinn air stèidheachadh. Tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e gum bi structar, dòighean-obrach agus cultar na buidhne ceart againn, agus a bhith a' neartachadh earbsa a' phobaill anns a' Choimisean.

Tha dealas againn Coimisean a thogail a nì deagh sheirbheis do mhuintir na h-Alba airson iomadh bliadhna ri thighinn, a' brosnachadh adhartas ann an ath-leasachadh fearainn ann an dòigh leantainneach gus an tèid aig muintir na h-Alba barrachd is barrachd buannachd a thoirt às an fhearann aca.

Tha sinn air trì raointean cudromach ainmeachadh airson seo fhaighinn ceart, agus feumaidh gach aon dhiubh a bhith air ar n-aire thairis air na trì bliadhna a tha romhainn:

- Cumaidh sinn smachd daingeann air cosgaisean seasmhach, a' meudachadh ar sùbailteachd airson caiteachasan caochlaideach a ghabhail os làimh agus a' socrachadh ar seasmhachd ionmhasail fad-ùineach;
- Fastaidh sinn àireamh bheag de luchd-obrach maireannach, a' toirt làn-bhuannachd às eòlaichean on taobh a-muigh agus seirbheisean co-roinnte airson feumalachdan prògram-obrach fhàs-mhoir a choileanadh;
- Dealbhaidh sinn seata soilleir de phrìomh luachan na buidhne a chuireas nuadhas, dùbhlain agus ùghdarachadh aig cridhe ar dòigh-obrach.

Tha sinn a' sùileachadh gur e buidheann bheag adhartach a bhios anns a' Choimisean, a bhios dha-rìribh a' toirt cumhachd do luchd-obrach fa leth gus rudan a dhèanamh le saorsa agus iad a bhith cunntachail airson an lìbhrigeadh. Bidh sinn a' sireadh luchd-obrach de dheagh chàileachd a bhios cofhurtail anns an t-suidheachadh seo.

Bidh ar cuideam air sùbailteachd na dhùbhlain mòr dha mar a tha ar rianachd ionmhasail air a cur air dòigh. Tha sinn an dùil gun tèid a' chuid as motha den obair againn a mhaoinachadh tro thabhartas-gus-cuideachadh bho Riaghaltas na h-Alba. Feuchaidh sinn ri cùisean a chur air dòigh gu h-èifeachdach gus taic a chumail ri obair na buidhne tro sheirbheisean co-roinnte far am bi sin freagarrach.

Tha Riaghaltas na h-Alba air £14m a riarachadh dhan Choimisean airson ar ciad bhliadhna. Tha cunntas air a' bhuidhean bhliadhna againn airson nam bliadhnaichean 2013–21 mar a leanas, ged a tha sinn ag aithneachadh gum bi feum air sùbailteachd fhad 's a tha Prògram na h-Obrach againn ag atharrachadh. Bidh planaichean obrachaidh bliadhna a' toirt cunntas mionaideach air riarachaidhean stòrasan agus nithear modh-sgrùdaidh air cunntasan bliadhna agus thèid am foillseachadh.

Teachd a-steach:	£'000
Tabhartas-gus-cuideachadh	1,400
Caiteachas:	
Cisean nan Coimiseanairean	51
Tuarastail Luchd-obrach	500
Seirbheisean Corporra	219
Conaltradhean	80
Prògram na h-Obrach	550

Mu dheireadh, cruthaichidh sinn buidheann adhartach le deagh cheanglaichean, nach bi air a sgaradh bho bhuidhnean eile no bho fheumalachdan practaigeach. Tha sinn a' cur cuideam mòr air lìonraidhean làidir a thogail eadar com-pàirtean an luchd-ùidhe air fad, agus nì sinn seo ann an dòigh a tha an dà chuid co-obrachail agus dùbhlainach dhuinn uile aig a' cheart àm. Tha fhios againn gum feum sinn a bhith daonna fo mheasadh airson cumail oirnn a bhith ùr-ghnàthach agus buntainneach. Tha fhios againn cuideachd gu bheil dùbhlain fìor-chudromach airson siostaman ath-leasachaidh nuair a tha ro-bheachdan agus cleachdaidhean fuairte gu domhain anna. 'S e buidheann fhosgailte a bhios annainn, agus tha sinn a' cur romhainn a bhith ag ionnsachadh bho eòlas nàiseanta is eadar-nàiseanta.